

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Seanfhaclan à Asainte

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,276. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 972 corresponds to Litir 1,276. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learnghaelic.scot/litir](http://www.learnghaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learnghaelic.scot](mailto:fios@learnghaelic.scot).*

Anns a' chunntas-sluaigh ann an ochd ceud deug, naochad 's a h-aon (1891) bha Gàidhlig aig 87 às a' cheud (87%) de na daoine ann an Asainte. Mura h-eil sibh eòlach air an sgìre sin, tha i ann an taobh an iar Siorrachd Chataibh eadar A' Chòigeach agus Eadar Dhà Chaolas. Tuigidh sibh, anns an naoidheamh linn deug, agus roimhe sin, gun robh an sgìre gu math math Gàidhealach.

Uill, bha mi fortanach gu leòr 's gun d' fhuair mi tiodhlac bho chuideigin o chionn ghoirid. 'S e leabhran a th' ann a tha làn sheanfhaclan Gàidhlig. 'S e an tìotal air an leabhar 'Gaelic Proverbs'. Chaidh fhoillseachadh le Club Leabhar ann an Inbhir Nis ann an naoi ceud deug, seachdad 's a trì (1973).

Agus dè an ceangal a th' ann eadar an leabhar agus Asainte? Uill, 's e boireannach à Asainte a chuir ri chèile an cruinneachadh de sheanfhaclan. B' ise Barabra Nic Leòid agus bhuineadh i do Chlais an Easaidh. Chuala i gu leòr de na seanfhaclan aig a màthair.

Bidh gu leòr de na seanfhaclan aice aithnichte do dhaoine à sgìrean eile. Nochdaidh gu leòr dhiubh ann an cainnt is sgrìobhadh fhathast. Ach tha mi airson ur cur an aithne feadhainn nach eil cho cumanta.

Seo agaibh a' chiad fhear: *Am fear a gheibh ainm na mocheirigh, faodaidh e cadal anmoch.* Ma bhios tu cliùmhor airson rudeigin math, bidh daoine a' toirt maitheanas dhut ma thèid thu an aghaidh sin. *Get a name of early rising and you can sleep late.* Am fear a gheibh ainm na mocheirigh, faodaidh e cadal anmoch.

*An àm na h-èiginn, dearbhar na càirdean. Adversity shows your true friends.* An àm na h-èiginn, dearbhar na càirdean. Agus seo agaibh fear a tha gu math iomchaidh: *An nì anns an tèid dàil, thèid dearmad. Delay anything and you neglect it.* An nì anns an tèid dàil, thèid dearmad. *Cha bhi fiach air beul dùinte. The person who keeps silent will stay out of trouble.* Cha bhi fiach air beul dùinte.

Ciamar a chanamaid ann an Gàidhlig 'friendship cannot be one-sided'? Uill, tha seanfhacal aig Barabra air an dearbh chuspair: *Cha seas càirdeas air aon chois. Friendship cannot stand on one leg.* Cha seas càirdeas air aon chois.

Tha e inntinneach cho tric 's a tha mòine a' nochdadh ann an seanfhaclan Gàidhlig, gu h-àraidh feadhainn à taobh an iar na Gàidhealtachd. Chan eil sin fìor mun Bheurla! Ach bha e fìor mu Asainte nan Gàidheal. Seo agaibh fear: *Chan aithnich thu duine ach an loisg thu cruach mhòine còmhla ris.* Gu litreachail tha e a'

ciallachadh ‘you won’t know a person until you have burned a peatstack with them.’  
Tha fhios gu bheil sin a’ ciallachadh gu feum thu bliadhna, no co-dhiù fad  
geamhraidh, a chur seachad le cuideigin mus bi thu eòlach orra. Chan aithnich thu  
duine ach an loisg thu cruach mhòine còmhla ris.

Agus dè ur beachdan air an t-seanfhacl seo? *Dà rud air nach còir feart a  
thoirt – trod chàirdean is sìth nàimhdean. Take no notice of a quarrel between  
friends or peace among foes.* Tha gliocas ann a sin, nach eil? *Dà rud air nach còir  
feart a thoirt – trod chàirdean is sìth nàimhdean.*

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** cunntas-sluaigh: *census*; Asainte: *Assynt*; gliocas: *wisdom*; trod:  
*quarrel, scolding.*

**Abairtean na Litreach:** Mura h-eil sibh eòlach air an sgìre sin: *if you are not  
familiar with that area*; taobh an iar Siorrachd Chataibh eadar A’ Chòigeach agus  
Eadar Dhà Chaolas: *the western part of the County of Sutherland between Coigach  
and Eddrachillis*; tuigidh sibh: *you’ll understand*; fortanach gu leòr ’s gun d’ fhuair  
mi tiodhlac: *fortunate enough to receive a gift*; leabhran a tha làn sheanfhaclan  
Gàidhlig: *a booklet that is full of Gaelic proverbs*; dè an ceangal a th’ ann eadar an  
leabhar agus Asainte?: *what is the link between the book and Assynt?*; a chuir ri  
chèile: *who compiled*; bhuineadh i do Chlais an Easaidh: *she belonged to  
Clashnessie*; chuala i gu leòr de na seanfhaclan aig a màthair: *she heard many of the  
proverbs from (at) her mother*; bidh gu leòr de na seanfhaclan aice aithnichte do  
dhaoine à sgìrean eile: *many of her proverbs will be familiar to people from other  
areas*; nochdaidh gu leòr dhiubh ann an cainnt is sgrìobhadh: *many of them appear in  
speech and writing*; tha mi airson ur cur an aithne feadhainn nach eil cho cumanta: *I  
want to introduce you to some that are not so common*; ciamar a chanamaid X?: *how  
would we say X?*; tha e inntinneach cho tric ’s a tha mòine no poll mònach a’  
nochdadh ann an seanfhaclan Gàidhlig: *it’s interesting how often peat or a peat bank  
appear in Gaelic proverbs*; gu h-àraidh feadhainn à taobh an iar na Gàidhealtachd:  
*particularly ones from the Western Highlands (and Islands)*; gu feum thu bliadhna,  
no co-dhiù fad geamhraidh, a chur seachad le cuideigin mus bi thu eòlach orra: *that  
you must spend a year, or at least a winter, with somebody before you know them.*

**Puing-chànain na Litreach:** An àm na h-èiginn, **dearbhar** na càirdean. *This proverb  
literally means ‘in time of adversity, the friends will be proven’ i.e. you find out who  
your real friends are when you fall on hard or difficult times. Dearbhar is a future  
passive form of the verb dearbh ‘prove’.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** 87 às a’ cheud: 87 percent.

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA*